This is a digital copy of a book that was preserved for generations on library shelves before it was carefully scanned by Google as part of a project to make the world's books discoverable online.

It has survived long enough for the copyright to expire and the book to enter the public domain. A public domain book is one that was never subject to copyright or whose legal copyright term has expired. Whether a book is in the public domain may vary country to country. Public domain books are our gateways to the past, representing a wealth of history, culture and knowledge that's often difficult to discover.

Marks, notations and other marginalia present in the original volume will appear in this file - a reminder of this book's long journey from the publisher to a library and finally to you.

Usage guidelines

Google is proud to partner with libraries to digitize public domain materials and make them widely accessible. Public domain books belong to the public and we are merely their custodians. Nevertheless, this work is expensive, so in order to keep providing this resource, we have taken steps to prevent abuse by commercial parties, including placing technical restrictions on automated querying.

We also ask that you:

+ *Make non-commercial use of the files* We designed Google Book Search for use by individuals, and we request that you use these files for personal, non-commercial purposes.
+ *Refrain from automated querying* Do not send automated queries of any sort to Google's system: If you are conducting research on machine translation, optical character recognition or other areas where access to a large amount of text is helpful, please contact us. We encourage the use of public domain materials for these purposes and may be able to help.
+ *Maintain attribution* The Google "watermark" you see on each file is essential for informing people about this project and helping them find additional materials through Google Book Search. Please do not remove it.
+ *Keep it legal* Whatever your use, remember that you are responsible for ensuring that what you are doing is legal. Do not assume that just because we believe a book is in the public domain for users in the United States, that the work is also in the public domain for users in other countries. Whether a book is still in copyright varies from country to country, and we can't offer guidance on whether any specific use of any specific book is allowed. Please do not assume that a book's appearance in Google Book Search means it can be used in any manner anywhere in the world. Copyright infringement liability can be quite severe.

About Google Book Search

Google's mission is to organize the world's information and to make it universally accessible and useful. Google Book Search helps readers discover the world's books while helping authors and publishers reach new audiences. You can search through the full text of this book on the web at `http://books.google.com/`

Celt
3145
1.30

Na Daoine Sidhe is Uirsgeulan eile

Celt 3145.1.30

HARVARD COLLEGE
LIBRARY

VE RI
TAS

PURCHASED FROM THE
INCOME OF THE
FRED NORRIS ROBINSON
CELTIC FUND

50

124

K CAMERON

Na Daoine Sidhe is Uirsgeulan eile

AIR AN CUR AN EAGAR LE UNA, INGHEAN FHIR NA PAIRCE

Na aealbhan o laimh Chatrìona Chamaroin, R.S.W.,
is
Raoghnailt Ainslie Ghrannd Dubh

ARCHIBALD SINCLAIR, CELTIC PRESS,
47 WATERLOO STREET,
GLASGOW.
1907

Celt 3145, 1.30

HARVARD
UNIVERSITY
LIBRARY
OCT 20 1967

ROIMH-RÀDH.

THA an leabhran so air a chur a mach chum leas Féill a' Chomuinn Ghaidhealaich air cosdas Thòmais MacNéill uasail agus a Mhic agus is coibhneil agus is treibhdhireach an tabhartas e.

Tha an sgeulachd *A' Bhean-tighe Mhath* clò-bhuailte an so le cead a' Mhormhaoir Gill-easbuig Caimbeul agus Mhr. Daibhidh Nutt an Lunnain o'n leabhar d'an ainm *Craignish Tales.* Dhaibh-san tha mi fo chomain agus tha mi toirt taing dhaibh an so.

CLÀR-INNSIDH.

I. Spiorad na H-aoise, ... 9

II. Iolaire Loch-Tréig, ... 34

III. A Bhean Tighe Mhath 's Obair-Oidhche, ... 40

NA DAOINE SIDHE IS UIRSGEULAN EILE.

I.

SPIORAD NA H-AOISE.

Bha ann roimhe so, air chùl Beinne-nan Sian, àireach ghabhar d' am b' ainm Gorla-nan-treud, aig an robh triùir mhac agus aon nighean. Bha buachailleachd nam meann an earbsa ri àilleagan an fhuilt òir. Latha do na làithean, 'nuair bha i mach ri uchd na beinne a' buachailleachd nam meann, theirinn badan do cheò druidheachd co geal ri sneachda na h-aon oidhche, agus air dha iathadh mu ghuala na beinne, chuairtich e an t-àilleagan aonarach, 's cha 'n fhacar i ni 's mò.

An ceann latha agus bliadhna 'na dhéidh

50

124

an fheasgar air ciaradh—bha neòil dhubha dhorcha na h-oidhche a' tighinn, agus neòil shìoda shèimh an latha a' triall; na h-eòin bheaga bhuchullach, bhachallach, òrbhuidhe 'gabhail mu thàmh ann am bun nam preas 's am barraibh nan dos—na h-innseagan laoghacha lathacha, 's gach àite b' fhearr a thaghadh iad; ach ged a bha, cha robh mac mór Ghorla-nan-treud. Chunnaic e tigh beag soluis fada uaithe; 's ge b' fhada uaithe, cha b' fhada 'ga ruigheachd.

'Nuair chaidh e stigh, chunnaic e sean urra choltach do dhuine mór torteil liath, a' gabhail socair shàsda air beinge fhada air dàrna taobh an teine, agus gruagach dhreach-mhor a' cìreadh cùl dualach a leadain òir, air an taobh eile.

"Gabh a nìos, òganaich," ars' an seann duine, 's e 'g éirigh; "'s e do bheatha. 'S minic a thàlaidh mo leus loinnreach, astaraiche nam beann. Gabh a nìos, 's leat blàths agus fasgadh, 's gach cobhair tha 'm bothan an t-sléibh. Dean suidhe; 's ma 's miann leat, cluinnear do sgèul."

"'S òlach mise," arsa mac mór an àireich,

" a tha 'g iarraidh cosnaidh—thàlaidh do leus loinnearach mi a dh' iarraidh blàths agus fasgadh na h-oidhche."

" Ma dh' fhanas tu agams'," arsa 'n seann duine, " gu ceann bliadhna, a bhuachailleachd mo thrì mairt mhaola odhar, gheibh thu do dhuais, is cha bhi fàth talaich."

" Cha b' e mo chomhairle dha," arsa nighean an fhuilt òir 's na cìre airgid.

" Comhairle gu'n iarraidh," arsa mac mór Ghorla, " cha robh meas riamh oirre. Gabhaidh mi do thairgse, a dhuine—ann an camhanaich na maidne, 's mise do ghille."

Roimh langan an fhéidh sa' chreachann bhleoghain gruagach an fhuilt òir 's na cìre airgid na tri mairt mhaola odhar.

" Sin iad agad a nis," ars' an seann duine; " gabh mu'n cùl—lean iad—na pill iad—na bac iad—iarraidh iad an ionaltradh féin —'s leig leò imeachd mar is àill—fan thus' as an déidh—agus thigeadh aon ni thogras ann ad rathad, na dealaich thusa riutha—biodh do shùil orra agus orrasan a mhàin; agus a dh' aon ni g' am faic thu no g' an cluinn thu, na toir sùil air. So do dhleas-

danas—bi dìleas—earb m' fhocal—bi saoithreach, 's cha bhi do shaothair gun duais."

Dh' fhalbh e mu chùl na spréidhe, agus lean e iad. Cha robh e ach goirid air falbh, 'nuair a chunnaic e coileach òir agus cearc airgid a' ruith roimhe air a' bhlàr. Ghabh e air an tòir; ach ged bha iad a nis agus a rithist, air leis, 'na ghlaic, dh' fhairtlich air gramachadh orra. Phill e air ais o'n t-siubhal fhaoin, agus ràinig e 'n t-àite 's an robh na tri mairt mhaola odhar aig ionaltradh, agus thòisich e rithist air am buachailleachd; ach cha b' fhada bha e air an cùl, 'nuair chunnaic e slatag òir agus slatag airgid a' cur nan car dhiubh air an réidhlean, agus ghrad thòisich e air an ruith.

" Cha 'n fheud e bhith," ars' esan, " nach iad so is usa ghlacail no na h-eòin a mheall mi o chionn ghoirid."

Sìnear as 'nan déidh; ach ged bhiodh e 'gan ruith fhathasd, cha bheireadh e orra. Thug e 'bhuachailleachd air; agus mar bha e leanntuinn nam mart maola odhar, chunnaic e doire coille air an robh na h-uile meas a chunnaic e riamh, agus dà-

mheas-deug nach fac' e. Tòisichear air e féin a shàsuchadh leis na measaibh—thug na mairt mhaola odhar an aghaidh dhachaidh, agus lean e iad. Bhleoghain gruagach an fhuilt òir iad, ach an àite bainne cha d' thainig ach nùs glas. Thuig an seann duine mar bhà :—

"Olaich gun fhìrinn 's gun dìlseachd," ars' esan, "bhrist thu do ghealladh."

Thog e a shlachdan-druidheachd—buailear an t-òganach, 's deanar carragh cloiche dheth ; a sheas trì làithean a's trì bliadhna ri taobh an teine ann am bothan an t-sléibh mar chuimhneachan air bristeadh focail agus coimhcheangail fasdaidh.

'Nuair bha latha 's bliadhna eile air dol seachad, thuirt Ruais ruadh, mac meadhonach Ghorla,—

"Tha dà latha 's dà bhliadhna air dol seachad o'n a dh' fhalbh mo phiuthar àillidh, agus tha latha 's bliadhna o dh' fhalbh mo bhràthair mór ; is bóid is briathra dhomhsa imeachd an diugh air an tòir, agus an co'-dhìol a bhi agam."

Ceart mar thachair do'n bhràthair bu

shine anns gach dòigh, mar sin thachair do'n mhac mheadhonach; agus 'na charragh cloiche tha esan an ceann tighe bothan an t-sléibh, mar chuimhneachan air bristeadh focail agus coimhcheangail fasdaidh.

Latha agus bliadhna 'na dhéidh so, thuirt am mac a b' òige, Caomhan donn an àigh, "Tha nis trì làithean agus trì bliadhna o'n a chaill sinn mo phiuthar àillidh. Dh' fhalbh bràthairean mo ghaoil air a tòir. Nis, athair, ma 's ceutach leatsa, ceadaich dhomh imeachd 'nan déidh 's an co'-dhìol a bhi agam—agus na deanadh mo mhàthair mo bhacadh. Guidheam 'ur cead—na diùltaibh mi."

"Mo chead 's mo bheannachd tha agad, a Chaomhain, 's cha bhac do mhàthair thu."

"An deasaich mise," ars' a mhàthair, "am bonnach mór as eugmhais mo bheannachd, no am bonnach beag le dùrachd mo chridhe agus deòthas m' anama?"

"Do bheannachd, a mhàthair, thoir thusa dhòmhsa; agus beag no mór a thig 'na chois, tha mise toilichte—bu bhochd leam oigh-

reachd an t-saoghail mhóir 's do mhallachd 'na lorg. Air beannachd màthar, 's mi nach dean tàir."

Thog Caomhan donn, mac Ghorla-nan-treud, air; 's mar bha tigh 'athar 's a mhàthar 'ga fhàgail sa' cheò, bha 'chridhe làn. Thug e gu siubhal nan eang—ruigear doire nan earb—suidhear fo chraoibh a dh' itheadh a' bhonnaich sin a dh' fhuin a mhàthair chaomh dha.

"Mìr, mìr," arsa fitheach dubh an fhàsaich; "mìr dhomhsa, 'Chaomhain, 's mi fann."

"Gheibh thu mìr, a bheathaich bhochd," arsa Caomhan, "'s dòcha gu bheil thu ni 's feumaiche na mi féin—fòghnaidh e dhuinn le chéile—tha beannachd màthar 'na chois."

Dh' éirich e, 's ghabh air a thurus. Ghabh e fasgadh aig an t-seann duine, agus dh' fhalbh e a bhuachailleachd nan tri mart maola odhar. Chunnaic e 'n coileach òir 's a' chearc airgid, ach thionndaidh e air falbh a shùilean; lean e 'n spréidh—chunnaic e 'n t-slatag òir 's an t-slatag airgid; ach chuimhnich e a ghealladh, 's cha deachaidh e air an tòir. Ràinig e an doire—chunnaic

e am meas a bha bòidheach àillidh do 'n t-sealladh; ach cha do bhlais se e.

Ghabh na tri mairt mhaola odhar seachad air a' choille, 's ràinig iad aonach farsuing air an robh falaisg—am fraoch fada r'a theine—ghabh iad g'a ionnsuidh. Bha 'n fhalaisg a' sgaoileadh air an raon a' bagairt e féin 's na mairt mhaola odhar a losgadh; ach ghabh iad troimhpe—cha d' fheuch e am bacadh, oir b' e so an gealladh a thug e; lean e iad troimh 'n teine, 's cha do loisgeadh ròin do fhalt a chinn. Faicear 'na dhéidh sin abhuinn mhór a bha air at le tuiltibh nam beann. Thairis oirre ghabh na mairt mhaola odhar, agus as an déigh ghabh Caomhan gu neo-sgàthach.

Tiota beag 'na dhéidh sin, faicear tigh-aoraidh geal bòidheach air réidhlean uaine ri cùl gaoithe 's ri aodann gréine, as an cual' e fuaim nan dàna milis agus nan laoidhean binne. Laigh an spréidh air a' bhlàr, 's chaidh Caomhan donn a stigh a dh' éisdeachd sgeul an àigh. Cha b' fhada bha e 'g éisdeachd teachdaireachd an aoibhneis, 'nuair thainig òganach guanach a stigh air dorus

an tigh-aoraidh le sùil bhuaireasach is 'anail 'na uchd, a dh' innseadh gu'n robh 'n crodh maol odhar anns a' ghart agus e dhol a mach g' an saodach as.

"Imich uam," arsa Caomhan; "b' usa dhuit-sa, 'bhobuig, an cur as thu féin, na ruith mar so 's an anail a' t' uchd a thoirt an sgeòil 'am ionnsuidh-sa—éisdidh mise na briathra taitneach."

Tiota beag 'na dhéidh sin, thainig an t-òganach ceudna air ais—buaireas is boile 'na shùil agus 'anail 'na uchd: "A mach, a mach, a mhic Ghorla-nam-beann," ars' esan, "tha na coin againne a' ruagadh do chuid mart—mur bi thu mach am prioba na sùl, cha'n fhaic thu 'n t-ath-shealladh dhiubh."

"Air falbh, a bhobuig," arsa Caomhan donn, "b' usa dhuit-sa do chuid con a chasgadh na teachd mar so 's an anail a' t' uchd g'a innseadh dhòmhsa. Eisdidh mise teachdaireachd an aoibhneis."

'Nuair bha 'n t-aoradh seachad chaidh Caomhan a mach, agus faighear na tri mairt mhaola odhar a' cur an sgìos, gun ghluasad as an àite 's an d' rinn e 'm fàgail. Dh'

éirich iad agus ghluais iad air an t-slighe dhachaidh, agus lean Caomhan iad. Cha b' fhada bha e air an cùl, 'nuair a chunnaic e machair fharsuing co lom 's gu faiceadh e 'n dealg bu chaoile air an lom làr; agus mhothaich e capull agus searrach òg meanmnach lùghmhor ag ionaltradh, agus iad co reamhar fheòlmhor ri ròn a' chuain mhóir. "Tha so iongantach," arsa Caomhan donn. Faicear tiota beag 'na dhéidh sin machair eile, fo bhàrr fàsaich, air an robh capull agus searrach nach seasadh minidh nan cuaran 'nan druim leis a' chaoile.

Faicear 'na dhéidh so lochan uisge, agus móran a dh' òigridh aoibhinn aighearach, ùr, àillidh, ag imeachd le caithream binn agus 'nam buidhnean ait a dh' ionnsuidh ceann àrd an lochain, gu tìr na gréine, fo sgàile nan craobhan bu chùbhraidh: chual' e torman nan allt a bha 'n dùthaich na gréine—ceileirean nan eun—fonn theud air nach robh e eòlach, agus inneil chiùil nach cual' e riamh roimhe sin.

Mhothaich e buidheannan eile dò mhuinntir thruagh a' triall gu ceann ìosal an lochain

do thìr an dorchadais. B' eagalach an sgreuch a thog iad—bu chulaidh-oillt am bas-bhualadh brònach. Bha ceò agus neula dorcha thairis air a' ghleann dhuaichnidh, dhubh, gus an robh iad a' triall, agus chuala Caomhan tàirneanach tròm. "Tha so," ars' esan, "da rìreadh iongantach."

Lean e na tri mairt mhaola odhar. Bha 'n oidhche 'n sin a' cur roimhpe bhi fiadhaich, gun bhrath air fasgadh no fardaich anns an cuirte seachad i, ach cò thachair air Caomhan ach madadh na maoile-móire ; agus cha luaithe thachair na thug an comh-làmhaiche còir agus an deagh bhiataiche dhà cuireadh, 's cha b'ann gu gnù doichiollach, ach gu fiughantach fial, e chur seachad trì trianan d'a sgìos agus an oidhche air fad maille ris.

Fhuair e gabhail aig' air an oidhche sin gu maith carantach maille ri madadh na maoile-móire, ann an uaimh thioram gun tighinn-fodha no thairis—nam fòghnadh sin is feòil mhilis, uanach, mheannach, gun dìth gun ghainne gun dòlum ; agus an àm falbh sa' mhaduinn, gu leòir airson turus an latha.

"'Nis," arsa madadh na maoile-móire, "slàn leat a Chaomhain!" Soirbheachadh leat ge b' e àit' an téid thu—sonas 'nad shiubhal 's 'nad ghluasad. Thairg mi aoigheachd, 's cha do dhiùlt thu i; ghabh thu gu cridheil sùnndach na thairg mi, chuir thu oidhche seachad ann an uaimh madadh na maoile-móire—dh' earb thu as—naisg thu a chàirdeas, agus cha mheallar thu. A nis thoir fainear mo bhriathra: Ma thig càs cruaidh no éiginn gu bràth ort, as an dean luathas coise agus gnìomhara èasgaidh feum dhuit, cuimhnich air madadh na maoile-móire,—miannaich e, 's bidh mise ri d' thaobh."

Dh' amais an càirdeas agus an fhialachd cheudna ris an ath oidhche o'n t-sàr-bhiataiche iomairteach shiùbhlach, fitheach dubh choire-nan-creag, air nach laigheadh an codal, agus air nach éireadh a' ghrian, gus am biodh aige na dh' fhòghnadh dha féin agus dhà-san a thigeadh 's a dh' fhalbhadh. Gu gearr-leumach, clapartach, sgiathach, rinn e 'n t-iùl da air chorraibh a sgéith troimh aisridh chosa-ghabhar gu còs sgora dhìonach craige, far an d' iarr e air dà thrian

d'a sgìos agus an oidhche gu léir a chur seachad maille ris.

Fhuair e gabhail aige 'n oidhche sin gu maith 's gu ro-mhaith còmhla ri fitheach dubh choire-nan-creag, nam fòghnadh feòil a's sithionn; 's an àm falbh sa' mhaduinn thuirt e ris, "A Chaomhain mhic Ghorla-na-Beinne, thoir leat na dh' fhògnas air do thurus—cuid a' choigrich cha d' ionndraich mi riamh;—agus cuimhnich mo bhriathra deireannach. Ma thuiteas dhuit a bhi 'n càs no an éiginn gu bràth anns an dean sgiath làidir agus misneach nach dìbir feum dhuit, cuimhnich ormsa: 's blàth do chridhe, 's coibhneil do shùil—dh' earb thu thu féin riumsa—bheathaich thusa fitheach an fhàsaich roimhe so, agus roinn thu leis do lòn—'s mise do charaid, chuir thu 'n oidhche seachad ann an còs nan creag—earb asam."

Air an treas oidhche dh' amais còmhdhail agus biatachd nach bu mhiosa air Caomhan o'n Dòbhran-donn—an sgòr-shuileach—an siriche teòma èasgaidh, air nach biodh cuid fir no gille dhìth fhad' 's a bhiodh e r'a fhaotainn air muir no air tìr. Ged nach robh na

gharaidh r'a éisdeachd ach sgiamhail is mèalanaich chat, is bhroc, is thaghan is fheòcullan, threòruich se e gun sgàth gun eagal gun sgiansgar, gu taiceil, foghanta, ràideail — gu robairneach, bior-shuileach, mion-eólach, gu beul cùirn, far an d' iarr e air trian d'a sgìos agus an oidhche gu h-uile chur seachad còmhla ris. Neòr-thaing mur d' fhuair e gabhail aige 'n oidhche sin còmhla 'ri dòbhran-donn an t-srutha, an sìor-shiùbhlach, nam fòghnadh iasg do gach seòrsa b' fhearr na 'chéile—agus leaba thioram, sheasgair, mhèith, do dhreamsgal àird-làin stoirme reothairt, is feamainn chìrein an dubh-chladaich.

"Cuir seachad an oidhche, 'Chaomhain," arsa 'n dòbhran-donn; "'se làn dì do bheatha. Caidil gu sàmhach; 's fear-faire furachair an dòbhran."

'Nuair thàinig an latha 's a bha Caomhan gu imeachd air a thurus, chaidh an dòbhran air choimheadachd greis do'n t-slighe maille ris.

"Slán leat! a Chaomhain," ars' esan; "rinn thu caraid dhiom. Ma thig sàs cruaidh no teann-éiginn ort anns an dean

esan a shnàmhas an sruth no thumas fo 'n fhairge freasdal duit, cuimhnich ormsa, 's bidh mi ri d' thaobh."

Fhuair e na tri mairt mhaola odhar san lagan san d' fhàg e iad—dh' éirich iad, agus mu àirde 'n fheasgair sin féin ràinig iadsan agus esan, gu sàbhailte socair, bothan an t-sléibh.

Bha fàilte 's furan san tigh 'nuair ràinig Caomhan. Fhuair e gabhail aige gun airceas gun chrìne. Dh' fheòruich an seann-duine dheth cia mar dh' éirich dha o'n dh' fhalbh e, agus thòisich e air sud ìnnseadh. Mhol an seann-duin' e chionn nach do ghabh e gnothuch ri aon ni chunnaic e gus an d' ràinig e tigh nan laoidhean binne, do bhrìgh nach robh annta gu léir ach culaidh-bhuairidh—sgleò faoin chum a mhealladh.

"Fosglaidh mi dhuit dubh-cheist na cùise 'na dhéigh so," ars' an seann-duine; "agus leigidh mi ris duit brigh gach seallaidh a chuir mór-iongantas ort. Bha thu dìleas, a Chaomhain. Iarr do dhuais agus gheibh thu i."

"Cha bhi sin tròm dhuit-sa, tha mi 'n

dòchas," arsa Caomhan, "agus bidh e pailt ni 's leòir leamsa. Aisig dhomh piuthar mo ghràidh agus dà bhràthair mo rùin tha agad fo dhruidheachd, beò slàn mar dh' fhàg iad tigh an athar; agus bonn òir no tasdan airgid cha 'n 'eil a dhìth air Caomhan."

"'S àrd t' iarradas, òganaich," arsa 'n seann-duine; "tha duilgheadas eadar thu 's na dh' iarr thu os cionn na tha a' d' chomas a choth-achadh."

"Ainmich iad," arsa Caomhan, "'s leig leamsa 'n cothachadh mar is fearr is urra' dhomh."

"Eisd mata: Anns a' bheinn àrd ud shuas, tha earb shiùbhlach is caoile cas; a leth-bhreac cha'n 'eil ann; 's ballach caiseann a slios 's a cròc mar chabar an fhéidh. Air an lochan bhòidheach dlùth do thìr na gréine, tha lach a thug bàrr air gach lach—lach uaine a' mhuineil òir. Ann an linne dhorcha a' choire-bhuidhe, tha breac tarrgheal nan giala dearga, is 'eàrr mar an t-airgiod is gloine snuadh. Falbh, agus thoir dhachaidh an so eilid chaiseann bhallach na beinne,

K. CAMERON

lach àillidh a' mhuineil òir, agus am breac a dh' aithnichear o gach breac; is innsidh mise dhuit an sin mu phiuthar do ghaoil 's mu dhà bhràthair do rùin."

Dh' fhalbh Caomhan donn. Chaidh gruagach an fhuilt òir 's na cìre airgid as a dhéigh.

"A Chaomhain," deir i, "gabh misneach; tha beannachd do mhàthar agad agus beannachd nam bochd—sheas thu do ghealladh—thug thu urram do thigh nan laoidhean binne; imich, agus cuimhnich mo bhriathran dealachaidh—Gu bràth na toir géill."

Thug e 'n sliabh air—faicear earb na beinne—a lethbhreac cha robh sa' bheinn; ach 'nuair bha esan air aon bheinn, bha 'n earb air beinn eile; 's bha co maith dha oidheirp a thoirt air neula luaineach nan speur. Bha e 'n impis géill a thoirt, 'nuair chuimhnich e air na labhair gruagach an fhuilt òir. "O!" arsa Caomhan, "nach robh agamsa nis madadh na maoile-móire 's nan casan lùthmhor!"

Cha luaithe labhair e 'm focal, na bha 'm

madadh còir r'a thaobh ; agus an déidh dha cuairt no dha thoirt mu 'n bheinn, dh' fhàg e eilid chaiseann an t-sléibh aig bonn a choise.

Thug Caomhan 'na dhéidh sin an lochan air, agus faicear lach uaine a' mhuineil òir ag itealaich os a chionn. "O!" arsa Caomhan, "nach robh agamsa nis fitheach dubh an fhàsaich is làidire sgiath 's is géire sùil!" Cha luaithe thubhairt e so, na chunnaic e fitheach dubh an fhàsaich a' dlùthachadh air an lochan, agus air ball dh' fhàg e lach uaine a' mhuineil òir r'a thaobh.

Ràinig e 'na dhéidh sin an dubh-linne dhorcha, 's faicear an t-iasg tarrgheal airgiodach àillidh a snàmh o bhruaich gu bruaich. "O!" arsa Caomhan, "nach robh agamsa 'n dòbhran donn a snàmhas an sruth 's a thumas fo'n tonn!" Ann am prioba na sùl, cò bha 'na shuidhe air bruaich an uillt ach an dòbhran còir. Dh' amhairc e 'n aodann Chaomhain le bàidh—thog e air gu grad as an t-sealladh, agus a mach á dubh-linne dhorcha nan gealag, thug e 'm breac tarrgheal bu loinnreiche snuadh, agus leigear e aig cois Chaomhain. Thog

e air dhachaidh, agus fàgar an earb, an lach, agus am breac bòidheach air stairsneach bothan an t-sléibh.

"Buaidh is piseach le Caomhan donn!" arsa 'n seann duine. "Cha do chuir a ghuala da rìreadh ris, nach do chuir tuar thairis. Thig a stigh, a Chaomhain; 's 'nuair bhleoghnas gruagach an fhuilt òir 's na cìre airgid na tri mairt mhaola odhar, fosglaidh mi dhuit dubh-cheist na cùise, agus tairngidh sinn gliocas o fhasdadh agus o thurus Chaomhain."

DUBH-CHEIST NA SGEULACHD AIR A FOSGLADH.

"Cha d' fhàg thusa tigh t' athar 's do mhàthar gun an cead. Beannachd t' athar 's do mhàthar bha 'nad chois, a Chaomhain. Cha do dhiùlt thu an greim do 'n acrach 'na airc. Bha beannachd nam bochd a' d' chois, a Chaomhain.

"Rinn thu fasdadh—gheall thu agus choimhlion thu; 's tha duais nam fìrean a' d' chois, a Chaomhain.

"Chunnaic thu an coileach òir 's a' chearc

airgid, buaireannan an uilc—an sgleò tha òr is airgiod a' cur air an t-sùil—chuimhnich thu do ghealladh—ghluais thu ann an slighe do dhleasdanais—bha sonas air Caomhan. Dh' fheuch am buaireadair thu a rithist fo shamhladh slataig òir is slataig airgid. 'S iad so do réir coslais a b' usa ghlacadh; ach chuimhnich thu do ghealladh, a Chaomhain, agus lean thu an spréidh.

" 'Nuair nach deachaidh aige air do bhuaireadh le òr agus airgiod, dh' fheuch e do mhealladh le meas bòidheach na coille. Chuir e mu d' choinneamh gach meas a chunnaic thu riamh, is dà-mheas-deug nach faca thu—ach thionndaidh thu air falbh; ('s ged a dh' ith thu dhiubh, thug thu 'n aire nach sàsuicheadh iad thu.)

" 'Nuair nach do bhuadhaich e na bha 'na bheachd le òr no airgiod, no leis a' mheas a bha taitneach do'n t-sùil, dh' fheuch e do mhisneach—an lasair agus an tuil; ach chaidh tu trompa ann an slighe do dhleasdanais, agus thuig thu nach robh annta ach faoineis. Chual' thu guth nan dàna naomh —fuaim nan laoidhean milis—chaidh tu

stigh—'s maith a fhuaras tu; ach lean am buaireadair an sin féin thu. 'S maith a fhreagair thu e—' Eisdidh mise am focal.'

"Chunnaic tu an t-ionaltradh lòm 's an fhalaire àrd mheanmnach le 'searrach mear a' deanamh gairdeachais air. Mar sin gu tric, a Chaomhain, san t-saoghal: tha tigh na h-aoigheachd air uairibh gann; ach tha sìth, gàirdeachas, agus cinneachdainn 'na thaic. Chunnaic tu an t-ionaltradh fàsail, agus gach ceithir-chasach chum bàsachadh leis a' chaoile: mar sin san t-saoghal, tigh a' bhodaich chrìonnta; tha pailteas ann, ach cha 'n 'eil aige cridhe chum a shealbhachadh—tha gainne am meadhon a' phailteis—tha daol aig bun gach freumha, agus tha gach blàth air seargadh.

"Chunnaic thu an lochan bòidheach—chuala tu caithream nam buidhnean sona bha triall gu tìr na gréine. Sin agad iadsan a thug fainear mo ghuidhe agus a bha glic 'nan latha féin. Chuala tu tuireadh cràiteach na muinntir eile bha triall gu tìr an dorchadais. 'S iadsan an sluagh gun tuigse gun fhìrinn gun dìlseachd, a chuir an suarachas

gach sanas, agus a nis tha iad a' caoidh gu truagh.

"Cha d' rinn thu tàir air coibhneas agus aoigheachd nam bochd, ghabh thu ann an càirdeas na thairgeadh gu fialaidh; cha do nàraich thu an t-ainnis—leis a so naisg thu an dìlseachd. Sheas thu do ghealladh—lean thu an spréidh—choisinn thu do dhuais—dh' earb mi do mhisneach. Cha do mheat-aich duilgheadas thusa; chuir thu do ghuala riutha, 's chaidh leat. Dh' fhiosraich thu nach robh madadh na maoile-móire, fitheach dubh an fhàsaich, no dòbhran donn an iasgaich, gun am feum. Cha d' thug thu géill; agus a nis, a Chaomhain, mhic Ghorla-nan-treud, éisd rium.

"'Aisig,' ars' thusa, 'dhomh mo phiuthar àillidh agus bràithrean mo ghaoil tha agad fo dhruidheachd.'—Fo dhruidheachd, a Chaomhain! Ciod è druidheachd? Innleachd charach nan cealgach—leisgeul baoth nan gealtach. Ciod è druidheachd? Bòcan nan amadan—culaidh-uamhais nan lag-chridheach—ni nach robh, nach 'eil, 's nach bì. An aghaidh an dleasannaiche 's an fhìrein, cha

'n 'eil druidheachd 'na h-ìnnleachd. Do phiuthar, àilleagan an fhuilt òir 's na cìre airgid, gheibh thu leat dhachaidh; ach do bhràithrean, ged tha iad beò, rinn leisg is mi-dhìlseachd iad 'nan allabanaich gun dachaidh gun charaid. Imich thusa chum tighe t' athar, a Chaomhain, agus taisg ann d' chridhe na chunnaic 's na chuala."

"Agus cò thusa," arsa Caomhan, "tha labhairt?"

"'S mise," arsa 'n seann duine, "Spiorad na h-aoise. Slàn leat, a Chaomhain! Beannachd na h-aoise gu robh air do shiubhal 's air t' imeachd."

II.

IOLAIRE LOCH-TRÉIG.

BHA, roimhe seo, seann iolaire mhór a' tàmh an Aird-mheadhoin Loch-Tréig, far am minig a bha a seòrsa. Bha i liath leis an aois, bho'n a bu chuimhne leatha fhéin; is bha i, uime sin, an dùil gu'm b'i créutair bu shine bha beò ri 'linn. Ach an earalas nach faodadh a comh-aois a bhi mairionn an àit-eigin, chuir i roimhpe, an ciad chothrom a gheibheadh i, sgrìob a thoirt air chuairt.

Bliadhna a bha 'n sin, thainig an aon Oidhche-Bhealltuinn a b' fhuaire dh' fhairich no chunnaic i riamh, agus smaoinich i gu'm bu mhath an leithsgeul di e air a rùn-falaich a chur an gnìomh; agus 'sa mhaduinn mhoich Latha-Bealltuinn sin fhéin, seach latha sam bith, mu'n do bhlais na h-eòin eile an t-uisge, togar oirre air cheann a turuis.

R Anslie Grant Duff

Cha robh dùil bheò a thachradh oirre—ach nial na h-aoise bhi oirre—nach farraideadh i, "Am fac' thu Oidhche-Bhealltuinn riamh cho fuar ris an oidhche 'n raoir?" ach chan fhac' a h-aon.

Coma, bha'n latha as a thoiseach, 's bha i mar so ag cumail air a h-aghart gun chluain, gun chlos, gus an do thachair seann dreathan-donn còir oirre. "Fàilt air an dreathan, Latha Buidhe Bealltuinn," ars ise, "am fac' thu riamh Oidhche-Bhealltuinn cho fuar ris an oidhche 'n raoir?" Ach sean 's gu'n robh tuar is dreach an dreathain, cha b' fhiosrach e gu'm faca. Cha robh eòlas aige air créutair bu shine na e fhéin; ach chual' e gu'n robh seann ghobha-dubh bho chian am Bun-Ruaidh, 's ma bha e fhathast beò, gu'm bu dualach, ma thàinig a leithid, gu'm fac' esan i: agus sheòl e 'n rathad dhi. Thug i taing do'n dreathan, agus togar oirre gu ceàrdach Bhun-Ruaidh.

Rainig i; ach cha robh roimhpe ach làrach fhuar—thriall gach mith 's gach math, ach an gobha-dubh; 's bha esan fhéin bho chian dall leis an aois, agus an déidh toll a dheanamh

'san innean ag glanadh a ghuib. Chuir i fàilte na Bealltuinn air a' ghobha, 's dh' innis i fàth a turuis: " Am fac' thu riamh," ars ise, " Oidhche-Bhealltuinn cho fuar ris an oidhche 'n raoir?" Thug an gobha glaomadh bochd air fhéin, 's thuirt e nach faca riamh, agus nach cual' e iomradh air a leithid; ach gu'n robh seann ùdlaiche, bho chionn chan' eil fhios c'uin', a' tathaich Choill-Innse; 's gu'n robh a chalg air liathadh leis an aois bho'n a bu chuimhne leis-san a bhi 'na bhùta beag a' sgiathais air feadh nam preas. " Bu tric leis ùine 's aimsir 'na dhéidh sin," ars esan, " tighinn a nall air chéilidh orm a chur seachad na h-oidhche faide Geamhraidh, agus a thoirt sgeòil domh air cor na dùthcha: ach sguir sin. An turus mu dheireadh a bha e bhos, bha'n aois cho tròm iar laighe air, 's gu'm beil eagal orm nach 'eil e 'n urrainn gluasad mór a dheanamh. Thug sinn cho fad an coimhearsnachd a chéile, 's gu'n dean mi, mar a thuigeas tusa, sogan ri a sheann langan, tùchanach mar a tha, an uair a chluinneas mi e 's a' chamhanaich. Is e créutair a's sine tha lathair an diugh fad

m' aithne 's m' eòlais; agus ma ni thu guth aige 's an dol seachad, innis dha fàth do thuruis agus gu'm fac' thu mise; 's mur d' thàinig caochladh air, ni e do làn di-beatha." Dh' aithris e 'n sin di gnothuichean àraid a thachair ri linn nan triath bu chuimhne leis am faicinn, mu éuchdan a shìnnsrean agus mu bhuil a mhuirichinn. An uair a bha iad ag gabhail "maduinn mhath" le chéile, dh' earb is dh' earail e oirre tadhal aige an ath uair a bhiodh i togail oirre do Choill-Innse, 's fhuar i 'n t-ùdlaiche 'na chrùban am fasgadh seann stuic-fheàrna agus spideannan deigh le cuinneannan a shròine.

Chuir i fàilte na Bealltuinn air, agus dh' innis i fàth a turuis: "Am fac' thu riamh," ars ise, "Oidhche-Bhealltuinn cho fuar ris an oidhche 'n raoir?" Bha'n t-ùdlaiche cho sean 's gu'n do "leig e'n cabar air an t-slinnean;" ach thuirt e air a mhìn-athais nach bu chuimhne leis gu'm faca riamh. Fhuair i gu faoilteach, furanach e, agus dh' fhiosraich e gu coibhneil mu'n ghobha dhall. Thug iad an sin treallan air seanchas agus air sloinnteireachd, 's bha'n iolaire dol

a thagairt urram na h-aoise: ach an uair a bha iad a' dealachadh, thuirt an t-ùdlaiche gu'n robh breac càm ann an lochan Choire na Ceanainn, air an do chuir e eòlas an tràth a bha e 'na laoighean òg an cois a mhathar a' tighinn a nall an Làirig-leacach á Beinn-a'-bhric. "Bha smalaich na h-aoise air an uair sin fhéin," ars' esan, "agus ma tha ùine agad, is fiach dhuit dol dh'a choimhead—is cnacaiche gasd' e."

Is e bh' ann gu'n do thog i rithist oirre, 's gu'n do ràinig i an lochan.

Chuir i deoch-eòlais air a' bhreac cham, agus dh' innis i fath a turuis: "Am fac' thu riamh Oidhche-Bhealltuinn cho fuar ris an oidhche 'n raoir?" Thuirt am breac gu'm fac'—aon oidhch' eile, 's gu'n robh i cho fuar, 's ged a bha e'n teas fhala 's an tréine a neirt, gu'm b'éudar dha tòiseachadh air gearradh shùrdag air feadh an uisge a chumail teas air fhéin: "Agus," ars' esan, "sùrdag dh' an d' thugas, leumar ás an uisge, 's buailear mo leth-cheann ris an lic dhuibh ud thall; ach bha nimh an reothaidh cho dian, 's mu'n d' fhuair mi mi fhéin a thoirt air

m'ais, gu'n do lean mo shùil ris an lic ; 's dh' fhàg sin an diugh mise cam ! "

An tràth chual' an iolair so, thug i modh is urram na h-aoise do'n bhreac ; agus thill i air a h-ais a dh' Aird-mheadhoin a dh' aithris a sgeòil do'n àlach òg.

Chunnaic iad ioma latha geal, grianach 'na dhéidh sin, ach cho fad 's a b' urrainn di sgiath a ghluasad, cha deachaidh Latha-Bealltuinn fuar no teth seachad oirre nach deachaidh i tacan air chéilidh air na h-aosdai còir—an gobha, an t-ùdlaiche agus am breac.

III.

A BHEAN TIGHE MHATH 'S OBAIR-OIDHCHE.

Aon uair o cheanna nan cian bha bean fear fearainn no tuathanach beartach 's an oidhche, mar a b' àbhaist do mhnathan cùramach 's an am, an déighinn do dh' fhear an tighe 's do'n teaghlach gabhail gu thàmh, 'deanamh clò air an son. Air dhith bhi sgìth agus ro chlaoidhte leis an obair thuirt i,—

"O nach tigeadh o thalamh no o chuan, o chian no o laimh aon neach a chuidicheadh mise 'dheanamh a' chlò so."

Cha luaithe bhruidhinn i na chual i bualadh 's an dorus 's guth ag éibheach ann an cainnt choimhich a thuig i bha ciallachadh',—

"Ionnaraidh Mhór Mhaith Bhean-an-Tighe! Fosgail an dorus dhomh 's co fad 's a mhaireas dhomhsa gheibh thusa."

Dh' éirich i 's nar dh' fhosgail i 'n dorus thàinig bean choimheach ann an deise ciar-uaine stigh seachad oirre 's shuidh i aig a' chuibheal-shnìomh. Cha bu luaithe rinn i sin na thàinig buille na bu chruaidhe do'n dorus 's éibheach 's na ceart fhacail,—

"Ionnaraidh Mhór Mhaith Bhean-an-Tighe! Fosgail an dorus 's co fad 's a mhaireas dhomhsa gheibh thusa."

Nar fhreagair Bean-an-tighe, thàinig té eile neo-shaoghalta stigh 's ghabh i thun na cuigeil. Sin thàinig buille móran na bu chruaidhe 's guth na b' àirde ag iarraidh stigh 's a' tairgsinn cuideachaidh. Nar dh' fhosgladh an dorus thàinig ban-choigreach eile stigh 's shuidh i 'chàrdadh. Buileach thòisich ise air obair thàinig bualadh na bu doirbhe do'n dorus 's guth a' glaodhaich,—

"Ionnaraidh Mhór Mhaith Bhean-an-Tighe! Fosgail an dorus gu luath 's co fad 's a mhaireas dhomhsa gheibh thusa."

Nar chaidh an dorus fhosgladh shnàmh tè iongantach eile, 'n a deise, 's na coltas mar bha càch, stigh, 's dar fhuair i àite suidhe thòisich i air cìreadh clòimhe. Sin

thàinig an ath-tè le barrachd stairirich 's nar fhuair i stigh thòisich i air tlàmadh. Bha iad a-nis a' tighinn na bu chaise 's na bu luaithe aon as déidhinn aoin le farum 's gleadhraich na bu mhotha 's na b'àirde gus an robh an tigh loma làn diu 's iad uile an greim. Thòisich an sin an obair da-rìreadh, cìreadh, càrdadh, tarruing, tlàmadh, cuigealadh; shnìomh 'bheart-fhighe gu luath, luath, 's am bùrn-luadh' mu'n teine, 's chluinnte srannail na cuibhle, spreagail nan càrd, dìosgail na cuigealach 's sùrd na beart-fhighe cian air astar. Dh' fheuch Bean-an-tighe mhaith, mar b' fheàrr b' urrainn di ri tàmh a chur air an ùpraid 's pailteas bithidh 'chumail riu gus 'm faicear 's 'n cluinnteadh am fallus a' tuiteam bho h-aodann le slad air an ùrlar. Ach cha chumadh an domhan biadh riu; mar b' fhaide 's an oidhche thàinig e 's ann bu mhotha dh' iarradh iad, 's cha bu mhotha an obair na na dh' fheumadh iad. Aig a' mheadhon oidhche bha 'bhean-tighe chòir thun tuiteam le saothair obair. Dh 'fheuch i sin ri fear-an-tighe dhùsgadh ach cha b' urrainn dhith. Bha e co maith

feuchain ri clach-mhuilinn a charachadh; cha ghluaiseadh 's cha bhruidhneadh e, ge do chàireadh 's a ghlaodhadh i fhathast ris. Nar dh' fhairtlich e oirre 's nach robh fhios aice de dheanamh i, smaointich i dol air son comhairle gu sean duine glic air a' bhaile. Dh' fhàg i 'chuideachd neo-thlachdmhor aig a' chuid mo dheireadh de'n deasacha' rinn i dhoibh, shlip i mach 's ràinig i an duine glic 's dh' innis i dha an dragh bh' oirre 's mar nach dùisgeadh fear-an-tighe. Thug esan achmhasan dhi air son a cion-mhothuchaidh ann a bhi'g iarraidh cuideachaidh neo-shaoghalta, 's thuirt e rithe,—

"Co fad 's is beò thu na cur romhad, na iarr 's na guidh air son nì mi-dhealbhach no mi-cheudach, eagal 's gu faigh thu t'òrdugh 's gu'n toir thu sgiorram ort fhéin. Thàinig na daoine 's cha chuir saothair bruidhne air falbh iad. Tha Fear-an-Tighe fo gheusaibh 's mu'n dùisg e feumaidh a' mhuinntir neo-cheadaichte, a ghuidh thu fhéin air an son, an tigh fhàgail 's beagan de'n bhùrn luaidh a chaitheadh air."

Dh' fharraid i sin de'n dòigh air 'm faigheadh i na daoine-fuadain air falbh, 's thuirt an sean duine rithe tilleadh dhachaidh, 's seasamh air an dùn aig dorus an tighe 's glaodhach àird a cinn, trì uairean gun robh Dùn Bhurg 'n a theine. Thigeadh a' chuideachd an sin a mach le réis dh' fhaicinn an t-seallaidh iad fhéin 's dar gheibheadh i taobh a mach an tighe iad 's an dorus druidte orra, bha i ri car tuathail tarsuinn no car-a-mhuiltein a chur 's a' h-uile nì bha iad ag obair leis. Thill i leis an fhiosrachadh a fhuair i, 's nar ràinig i'n cnoc mu choinneamh an doruis ghlaodh i co searbh 's co cruaidh 's gu'n cluinneadh feadhainn a b' fhaid' air astar na bha na beachd i, "Tha teine an Dùn Bhurg! Dùn Bhurg ri theine! Dùn Bhurg 'n a lasair dheirg."

Mu 'n do chrìochnaich i an glaodh corranach bha 'chuideachd shìth mach as an tigh 'n an sradaichean, a' mùchadh 's a' saltairt air a chéile feuch co aca bhiodh air thoiseach ann 's an "Holovohorohe" bha aca ruigheachd an doruis 's iad ag éibheach,—

"Mo bhean 's mo phàisdean,
Mo chàise 's mo ghogan ime,
Mo mhic 's mo nigheanan,
'S mo chisteachan móra mine,
Mo chìr 's mo chàrdan,
An snàth 's a' chuigeal,
Mo bhó 's a' bhuarach,
'S na cuachan bainne,
Eich 's na h-iallan,
Cliabhan 's cinnean,
'S an talamh 'cur roimhe,
M' ùird 's m' innean,
Dùn Bhurg ri theine,
'S ma loisgear Dùn Bhurg
Loisgear mo mhùirn 's mo mhire"—

h-uile aon riamh dhiu' 'caoidh rud a b' fheàrr 's a b' fhiù leo chaidh fhàgail 's an Dùn.

'Nar fhuair a' Bhean-tighe gu'n robh iad taobh muigh an doruis chaidh i stigh air an cùlthaobh co luath 's b' urrainn dhi 's dhùin 's chrann i 'n dorus orra, 's mar a dh'earbar rithe chur i air aimhreidh a h-uile sian air an robh na daoine 's na mnathan còire ag obair. Thug i 'bhann bhàrr na cuibhle, chur i car 's a' chuigeil, na càrdan còmhla 'n àite bhi cas mu seach, car-a-mhuiltein do'n bheart-

fhighe, am bùrn luaidh bhàrr an teine, 's mar sin a sìos. 'S gann a bha i ullamh dheth so, 's i air tòiseachadh air deasachadh do mhuinntir an tighe, na thill na Daoine Còire air ais ag iarraidh stigh 's ag éibheach,—

" Ionnaraidh Mhór Mhaith Bhean-an-Tighe ! Leig a stigh sinn."

" Cha'n urrainn mi," ors ise, " 's mo làmhan 's an taois."

Sin ghlaoidh iad ris a chuibhle : " 'Chuibheal mhaith éirich 's fosgail an dorus dhuinn."

" Ciamar dh' fheudas mi," ors' a' chuibheal, " 's mi gun bhann."

Rinn iad an sin diùras ris a' chuigeil : " 'Chuigeal ullamh, ealamh ! Fosgail an dorus dhuinn."

" 'S mise gu'n deanadh," ors' a' chuigeal, " mar biodh car annam."

Thuirt iad a nis ris na càrdan an dorus fhosgladh.

" Dheanamaide sin glé thoilichte na'm biodh comas nan cas againn."

Thug iad sin an aire do'n bheart-fhighe's nach diùltadh i iad. Thuirt a' bheart-fhighe gu'n deanadh mur biodh i car-a-mhuiltein.

Bhriodail iad a nis air a' bhùrn-luaidh an leigeil stigh ag radhainn ris. "'Bhùrn-luaidh nach fhosgail thu 'n dorus?"

"Cha'n urrainn mi 's mi bhàrr an teine," ors' am bùrn-luaidh.

Bha iad thun toirt thairis 's a' fàs neofhaighidneach 's air a cheann mu dheireadh thug iad an aghaidh, 's rinn iad an gearan ris a bhonnach bheag a' bha'g a bhruich air leac-an-teintein 's thuirt iad ris,—

"'Bhonnaich bhig an àigh! fosgail an dorus gu grad 's cabhag oirnn."

Dh' éirich am bonnach beag 's thug e 'n dorus air co luath sa b' urrainn da ach bha 'Bhean-tighe na h-earalas. Air a dhéidhinn ghabh i 's rug i air 's thug i gomag as 's an àite ruigheachd gu *snec* an doruis 's ann thuit e 'n a spleog air an ùrlar. Bho nach robh dòigh no dealbh tuilleadh aca air faighinn a stigh ghabh iad le dùrachd an sàs am Fear-an-Tighe 's b'e cheann a b' aon bhall-coise cuir is iomain dhoibh gus an àite bhi trom an d' fhàs e cho aotrom ri iteag.

Mar nach gabhadh an horò fulang na b'fhaide chuimhnich a' Bhean-Tighe mar

dh' iarradh oirre dheanamh leis a' bhùrn-luaidh 's thog i làn cuaiche 's thilg i thairis air Fear-an-Tighe e. Dhùisg esan gun dàil. Bha an t-am aige. Dh' éirich e 's dh'fhosgail e 'n dorus 's sguir an ùpraid.

A' CHRIOCH.

THE BORROWER WILL BE CHARGED AN OVERDUE FEE IF THIS BOOK IS NOT RETURNED TO THE LIBRARY ON OR BEFORE THE LAST DATE STAMPED BELOW. NON-RECEIPT OF OVERDUE NOTICES DOES NOT EXEMPT THE BORROWER FROM OVERDUE FEES.

MAY 16 1985

MAY 17 1985

7576694

Celt 3145.1.30
Na daoine sidhe is uirsgeulan eile,
Widener Library 005387209
3 2044 080 764 194